# Homework Answers

www.go-gaelic.scot

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

EDINBVRGH
THE CITY OF EDINBURGH COUNCIL

The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

BÒRD NA GÀIDHLIG

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

1. How are you?

**Ciamar a tha thu/sibh?**

2. I'm fine thanks. (polite)

**Tha (mi) gu math, tapadh leibh.**

3. What is your name?

**Dè an t-ainm a th' ort?**

4. My name is Calum and this is Anne.

**Is mise Calum agus seo Anna.**

5. Good morning. This is James.

**Madainn mhath. Seo Seumas.**

6. Good afternoon. How are you? (polite)

**Feasgar math. Ciamar a tha sibh?**

7. I am cold.

**Tha mi fuar.**

8. Are you tired?

**A bheil thu/sibh sgìth?**

9. Are you married?

**A bheil thu pòsta?**

10. I am married to Donald.

**Tha mi pòsta aig Dòmhnall.**

# UNIT 2 HOMEWORK

## Sgrìobh ann am Beurla.

1. Madainn mhath

**Good morning.**

2. Dè an aois a tha thu, Anna?

**How old are you, Anna?**

3. Tha mi fichead 's a h-aon.

**I am twenty-one.**

4. Dè an latha a tha ann an-diugh?

**What day is it today?**

5. Càit a bheil thu a' fuireach?

**Where do you live?**

6. Tha mi a' fuireach ann an Glaschu.

**I live in Glasgow.**

7. Dè an àireamh fòn a th' agad?

**What is your phone number?**

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

8. 012493 7658

**neoni, aon, dhà, ceithir, naoi, trì, seachd, sia, còig, ochd.**

9. Do you live in Perth?

**A bheil thu a' fuireach ann am Peairt?**

10. Calum doesn't live in Fife.

**Chan eil Calum a' fuireach ann am Fìobha.**

## Sgrìobh ann am Beurla.

1. Ciamar a tha an t-sìde an-diugh?

**How is the weather today?**

2. Tha i fuar agus fliuch.

**It is cold and wet.**

3. Tha i teth ann an Dùn Èideann.

**It is hot in Edinburgh.**

4. Tha i grod ach tha mi toilichte.

**It is horrible but I am happy.**

5. Tha i uabhasach gaothach an-diugh.

**It is terribly windy today.**

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| | **buidhe** | **Tha e buidhe** | **dearg** | | **Chan eil e buidhe.** |
| | **dearg** | **Tha e dearg.** | **gorm** | | **Chan eil e dearg.** |
| | **uaine** | **Tha e uaine.** | **donn** | | **Chan eil e uaine.** |
| | **dubh** | **Tha e dubh.** | **glas** | | **Chan eil e dubh.** |
| | **geal** | **Tha e geal.** | **orains** | | **Chan eil e geal.** |

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

1. Do you have a sister?

**A bheil piuthar agad?**

2. I have two sisters.

**Tha dà phiuthar agam.**

3. Do you have a brother?

**A bheil bràthair agad?**

4. I don't have a brother.

**Chan eil bràthair agam.**

| | | |
|---|---|---|
| **mother**<br><br>**màthair** | **father**<br><br>**athair** | **son**<br><br>**mac** |
| **my mother**<br><br>**mo mhàthair** | **my father**<br><br>**m' athair** | **my son**<br><br>**mo mhac** |
| **grandmother**<br><br>**seanmhair** | **grandfather**<br><br>**seanair** | **family**<br><br>**teaghlach** |
| **children**<br><br>**clann** | **girl**<br><br>**caileag/nighean** | **boy**<br><br>**gille/balach** |

## Write a sentence about your own family.

# UNIT 5 HOMEWORK

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

1. Do you have a pet?

**A bheil peata agad?**

2. I have a cat and a dog.

**Tha cat agus cù agam.**

3. Do you have a fish?

**A bheil iasg agad?**

4. I haven't got a fish.

**Chan eil iasg agam.**

5. Does Mary have a rabbit?

**A bheil coineanach aig Màiri?**

6. Mary has a white rabbit.

**Tha coineanach geal aig Màiri.**

## Write more sentences in Gaelic about families and/or pets.



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

1. How are you? (singular)

**Ciamar a tha thu?**

2. I am cold and tired.

**Tha mi fuar agus sgìth.**

3. I am not sad but happy.

**Chan eil mi brònach ach toilichte.**

4. Where does he live?

**Càit a bheil e a' fuireach?**

5. They live in Glasgow.

**Tha iad a' fuireach ann an Glaschu.**

6. Here are blue and yellow.

**Seo gorm agus buidhe.**

7. Is it wet in Edinburgh?

**A bheil i fliuch ann an Dùn Èideann?**

8. It is warm and sunny today.

**Tha i blàth agus grianach an-diugh.**

9. I have a brother and a sister.

**Tha bràthair agus piuthar agam.**

10. Do you have a white dog?

**A bheil cù geal agad?**

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

1. What does she look like?

**Cò ris a tha i coltach?**

2. She is tall and thin.

**Tha i àrd agus caol.**

3. She has brown hair and blue eyes.

**Tha falt donn agus sùilean gorm oirre.**

4. He has black hair and green eyes.

**Tha falt dubh agus sùilean uaine air.**

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

**hand .....làmh.....** **my hand .....mo làmh.....**

**face .....aodann.....** **my face .....m' aodann.....**

**nose .....sròn.....** **my nose .....mo shròn.....**

1. What is wrong?

**Dè tha ceàrr?**

2. My head is sore.

**Tha mo cheann goirt.**

3. I have a cold today.

**Tha an cnatan orm an-diugh.**

4. Is your stomach sore?

**A bheil do stamag goirt?**

## Sgrìobh ann am Beurla.

1. Tha geansaidh dearg agam.

**I have a red jersey.**

2. Chan eil briogais bhuidhe agam.

**I don't have yellow trousers.**

3. A bheil stocainnean dearg air?

**Is he wearing red socks?**

4. Tha sgiorta ùr, uaine oirre an-diugh.

**She is wearing a new, green skirt today.**

5. Tha dreasa agus bròganan snog agam airson an diosgo Disathairne.

**I have a dress and nice shoes for the disco on Saturday.**

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

1. James is writing.

**Tha Seumas a' sgrìobhadh.**

2. Are you working today?

**A bheil thu ag obair an-diugh?**

3. The class is not playing football at all today.

**Chan eil an clas a' cluich ball-coise an-diugh idir.**

4. What are you doing now?

**Dè tha thu a' dèanamh a-nis?**

5. Mary and Callum were singing in the morning.

**Bha Màiri agus Calum a' seinn sa mhadainn.**

## Sgrìobh ann am Beurla.

1. A bheil am biadh math?

**Is the food good?**

2. A bheil Màiri ag iarraidh deoch?

**Does Màiri want a drink?**

3. Tha mi ag iarraidh iasg agus sliseagan airson dinnear

**I want fish and chips for dinner.**

4. A bheil an t-acras air Calum?

**Is Calum hungry?**

5. Chan eil am pathadh orm an-dràsta.

**I am not thirsty just now.**

**Write a sentence for each picture.**

| | | |
|---|---|---|
| aran donn | ubhal dearg | cofaidh agus ceic |
| 'S toigh leam aran donn ach cha toigh leam aran geal. | | |
| bainne | teòclaid | |
| | | |

## Sgrìobh ann am Beurla.

1. Am bi thu a' cluich ball-coise?

**Do you play football?**

2. Bidh mi a' ruith.

**I run.**

3. Dè na cur-seachadan a th' agad?

**What hobbies do you have?**

4. Cha bhi mi a' cluich goilf idir.

**I don't play golf at all.**

5. Dè bhios tu a' dèanamh aig an deireadh-sheachdain?

**What do you do at the weekend?**

Disathairne, bidh mi a' leughadh agus a' dèanamh obair-dachaigh. Ma tha an latha math, bidh an teaghlach a' coiseachd gu pàirc agus bidh sinn a' gabhail biadh ann an cafaidh aig a' phàirc ach air latha fliuch bidh sinn a' snàmh. 'S toigh leam a bhith a' snàmh.
Anns a' Bheurla:

**On Saturday, I read and do homework. If the day is good, the family walks to a park and we have food in a café at the park but on a wet day we swim. I like (to be) swimming.**

## Write in Gaelic about your own hobbies.

## Sgrìobh ann am Beurla.

Is mise Mairead agus tha mi fichead. Tha mi a' fuireach ann an taigh ann am Port Rìgh ann an Alba. Tha mi beag agus caol agus tha falt donn orm.

Tha piuthar agam, Laura agus tha bràthair agam, Calum. Is toigh leam dearg agus uaine ach cha toigh leam purpaidh idir. Is toigh le mo phiuthar purpaidh. Tha dreasa phurpaidh aig Laura. Tha i snog ach cha toigh leam an dath.

Tha cu aig mo bhràthair agus 's e Robhair an t-ainm a th' air. Tha Robhair donn agus dubh le cluasan geal.

Is toigh leam ruith, fighe agus peantadh. Bidh mi a' ruith gach latha agus bidh mi a' peantadh Disathairne.

Is toigh leam a bhith ag ithe cuideachd! Is toigh leam aran donn le càise agus 's toigh leam measan agus glasraich. Cha toigh leam ìm.

**I am Margaret and I am twenty. I live in a house in Portree in Scotland. I am small and thin and I have brown hair.**

**I have a sister (called) Laura and I have a brother (called) Calum. I like red and green but I don't like purple at all. My sister likes purple. Laura has a purple dress. It is nice but I don't like the colour.**

**My brother has a dog and Rover is its name. Rover is brown and black with white ears.**

**I like running, knitting and painting. I run each day and I paint on Saturday.**

**I like eating also! I like brown bread with cheese and I like fruit and vegetables. I don't like butter.**

## Sgrìobh ann am Beurla.

*Feasgar Dihaoine, aig seachd uairean, bidh mi a' cluich ball-coise còmhla ri sgioba sgoile. Madainn Disathairne bidh mi a' snàmh bho leth-uair an dèidh deich gu dà uair dheug agus an uair sin bidh mi fhèin agus mo charaid ag iasgach air loch beag.*

***On Friday evening, at seven o' clock, I play football with the school team. On Saturday morning I swim from half past ten until midday and then my friend and I fish on a small loch.***

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

| | |
|---|---|
| 7 o'clock | seachd uairean |
| 4 o'clock | ceithir uairean |
| 11 o'clock | aon uair deug |
| 12 o'clock | dà uair dheug |
| 1 o'clock | uair |
| quarter past 8 | cairteal an dèidh ochd |
| half past 2 | leth-uair an dèidh dhà |
| twenty minutes to 2 | fichead mionaid gu dhà |
| ten minutes past 11 | deich mionaidean an dèidh aon-uair deug |

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

*I live in a house on High Street with my family. In the house, there are four bedrooms, a sitting room, dining room, kitchen and two bathrooms. The wall is white and the roof is red. There is a green door and ten windows.*

***Tha mi a' fuireach ann an taigh air Sràid Ard còmhla ri mo theaghlach. Anns an taigh, tha ceithir rumannan-cadail, rùm-suidhe, rùm-bìdh, cidsin agus dà rùm-ionnlaid. Tha am balla geal agus tha am mullach dearg. Tha doras uaine air an taigh agus deich uinneagan.***

## Sgrìobh ann am Beurla.

*Tha an sgoil agam glè mhòr. Tha ochd seòmraichean shìos an staidhre agus tha ceithir shuas an staidhre. Tha na taighean-beaga, an cidsin, an seòmar-bìdh agus an talla spòrs shìos an staidhre. Tha mise ann an clas a seachd agus tha an rùm agamsa shuas an staidhre.*

***My school is quite big. There are eight rooms downstairs and there are four upstairs. The toilets, the kitchen, the dining room and the sports hall are downstairs. I am in primary seven and my room is upstairs.***

## Sgrìobh ann am Beurla.

Is mise Sìne NicDhòmhnaill. 'S e nurs a th' annam. Tha mi ag obair ann an Ionad-slàinte ann am meadhan a' bhaile, ri taobh an ospadail.

**I am Jean MacDonald. (My name is Jean MacDonald). I am a nurse. I work in a Health Centre in the middle of the town, beside the hospital.**

Is mise Calum MacArtair. 'S e saor a tha annam. Tha mi ag obair ann am baile beag. Uaireannan bidh mi ag obair ann am bùithean, mar bùth a' bhùidseir no bùth an èisg, a' cur suas sgeilpichean ùra no a' cur a-steach uinneagan ùra.

**My name is Calum MacArthur. I am a joiner. I work building houses in a small town by the sea. Sometimes I work in shops, such as the butcher's or the fish shop, putting up new shelves or putting in new windows.**

Tha Seumas ag obair air bàta. 'S e iasgair a th' ann. Tha bàta mòr uaine aige agus tha a bhràthair, Calum, ag obair còmhla ris. Mar as trice, bidh iad ag iasgach a h-uile latha ach cha bhi iad ag iasgach nuair a tha an t-sìde dona.

**James works on a boat. He is a fisherman. He has a big green boat and his brother Calum works with him. Usually, they fish every day but they don't fish when the weather is bad.**

| | |
|---|---|
| nurs, Eilidh, Ospadal | |
| tidsear, Seòras, Glaschu | |
| Anne, married to Iain, 2 dogs | |
| Yourself | |

## Sgrìobh ann am Beurla.

1. Bidh mi a' dèanamh Matamataig sa mhadainn.

**I do maths in the morning.**

2. Cha toigh le mo charaid Spòrs.

**My friend doesn't like PE.**

3. Madainn Diciadain bidh an clas a' dèanamh Ealain.

**On Wednesday morning, the class does Art**

4. Chan eil mi math air Eachdraidh.

**I am not good at History.**

5. Feasgar Diardaoin bidh sinn a' dol dhan amar-snàmh.

**On Thursday afternoon, we go to the swimming pool.**

6. 'S toigh leam a bhith a' leughadh agus a' sgrìobhadh Gàidhlig.

**I like reading and writing Gaelic.**

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

At nine o'clock, we do maths and at half past ten we play. At quarter to eleven we read and write and at quarter past twelve we have dinner. At quarter past one we do music. I like playing the piano.

**Extension:**

At two o'clock we do art and at three o'clock we go to the hall for PE. We go home at half past three. I walk home but my friend goes on the bus. At night I do homework and then I watch television.

**Aig naoi uairean bidh sinn a' dèanamh matamataig agus aig leth-uair an dèidh deich bidh sinn a' cluich. Aig cairteal gu aon uair deug bidh sinn a' leughadh agus a' sgrìobhadh agus aig cairteal an dèidh meadhan-latha (dà uair dheug), bidh sinn a' gabhail dinnear. Aig cairteal an dèidh uair, bidh sinn a' dèanamh ceòl. 'S toigh leam a bhith a' cluich piano (a' phiano)**
**Aig dà uair, bidh sinn a' dèanamh Ealain agus aig trì uairean, bidh sinn a' dol dhan talla airson Spòrs. Bidh sinn a' dol dhachaigh aig leth-uair an dèidh trì. Bidh mise a' coiseachd dhachaigh ach bidh mo charaid a' dol air a' bhus. Air an oidhche, bidh mi a' dèanamh obair-dachaigh agus an uair sin bidh mi a' coimhead T.bh.**

## Sgrìobh ann am Beurla.

*Is mise Sam. 'S e fear-smàlaidh a tha annam. Tha mi ag obair ann an stèisean-smàlaidh ùr anns an Òban. Tha einnsean-smàlaidh mòr, dearg agam. Tha taigh-òsta faisg air an stèisean-smàlaidh agus bidh mi a' gabhail biadh an sin an-dràsta 's a-rithist.*

***My name is Sam. I am a fireman. I work in a new fire station in Oban. I have a big red fire engine. There is a hotel near the fire station and I have food there now and again.***

## Sgrìobh ann an Gàidhlig.

*I am a teacher and I work in a primary school in the town. I teach primary seven. I go to school at half past seven in the morning. Every morning, the class does maths and language until midday and in the afternoon we do PE, Art, RE or History. I go home at five o'clock.*

***'S e tidsear a th' annam agus tha mi ag obair ann am bun-sgoil anns a' bhaile. Bidh mi a' teagasg clas seachd. Bidh mi a' dol dhan sgoil aig leth-uair an dèidh seachd sa mhadainn. A h-uile madainn, bidh an clas a' dèanamh Matamataig agus cànan gu meadhan-latha agus feasgar bidh sinn a' dèanamh Spòrs, Ealain, Creideamh no Eachdraidh. Bidh mi a' dol dhachaigh aig còig uairean.***